



## Tìotal: Caraidean agus Dàimh

Ìre: TRÀTH

### Ceanglaichean CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi mothachail air mar a tha sinn a' dèanamh charaidean agus gum faod rudan as toigh leat, nach toigh leat, comasan no feuman sònraichte buaidh a thoirt air dàimhean. HWB 0-44a</p> <p>Tha mi a' tuigsinn rudan math mu chàirdeasan agus mu dhàimhean, ach nuair a bhios rud sam bith a' cur dragh no ionnaidh orm tha fios agam cò ris a bhruidhneas mi. HWB 0-44b</p> <p>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 0-45b</p>	<p>Tha an t-Eòlas/Buil seo na phàirt de Slàinte is Sunnd – Dleastanas nan Uile a tha a' gabhail a-steach na còig ìrean airson fàs agus ionnsachadh a chòmhdach ann an Slàinte is Sunnd. Chan eil slatan-tiomhais ann airson an E/B seo.</p>

### Amasan Ionnsachaidh

- Gun tòisich clann air tuigse fhaighinn air cho cudromach 's a tha dàimhean.
- Gun tuig clann mar a nì iad co-obrachadh agus mu bhith a' co-roinn agus a' cuideachadh fheadhainn eile.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi a' tòiseachadh air co-obrachadh agus co-roinn còmhla ri feadhainn eile.
- Tha mi a' tòiseachadh air tuigsinn carson a tha caraidean cudromach.
- Tha mi a' togail/dèanamh dhàimhean
- Tha fios agam gu bheil e cudromach a bhith rèidh ri feadhainn eile.
- Tha mi ag ionnsachadh mu bheusan agus carson a tha iad cudromach.
- Tha mi ag ionnsachadh èisteachd ri feadhainn eile.
- Tha mi ag ionnsachadh mar a chleachdas mi cainnt agus modhan-bodhaige deimhinneach.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn air na th' ann an caraidean agus tha mi ag ionnsachadh mar a nì mi caraidean ùra.
- Tha mi ag ionnsachadh conaltradh èifeachdach.  
Tha mi a' tuigsinn mu chrìochan pearsanta.

### Ceangal ris an Dachaigh

Tha fiosrachadh do phàrantan agus luchd-cùraim aig gach ìre air làrach RSHP. Tha ceanglaichean ris an dachaigh ann am feadhainn de na gnìomhan a thathar a' moladh. Tha leabhraichean air am moladh airson an ionad/sgoil – gabhadh iad seo cuideachd cur dhan leabharlann.

### **Prìomh fhaclan/briathrachas**

- Budaidhean
- Faireachdainnean
- Caraidean
- Dàimh
- Reasabaidh

## OBAIR

Gabhaidh ionnsachadh planadh, faodaidh e tachairt nuair a dh'èireas cothrom-ionnsachaidh gu nadarra nuair a tha clann agus luchd-foghlaim a' còmhradh, no nuair a thachras tachartas sònraichte. Tha e fìor cuideachd gun urrainn dhuinn fhìn na cothroman sin a chruthachadh, mar sin tha beachdan an seo air leabhraichean, cluich agus gnìomhan eile a chuireas taic ri ionnsachadh RSHP aig tràth-ìre.

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh cuiribh an bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

<b>Seachdain charaidean</b>	Cuir air dòigh seachdain shònraichte – mu dhàimhean. Tarraing aire gu “deagh charaidean” tron t-seachdain. Cuir seachad ùine a’ tarraing aire gu deagh eisimpleirean de choibhneas agus dàimhean chàirdeil eabdar balaich agus nigheanan. Cleachd feadhainn de na gnìomhan bhon chlàr airson dàimh a chomharrachadh.
<b>Dè th’ ann an caraid?</b>	Mar bhuidheann no aon ri aon còmhla ri pàiste a chuireas feum air cuideachadh, meòraich air na tha a’ dèanamh neach na charaid, agus air dè nì am pàist/ a’ chlann gu bhith nan caraid.
<b>Mo charaid</b>	Iarr air a’ chlann bruidhinn air na caraidean aca, ’s dòcha gun toireadh tu aon phàiste gu aghaidh a’ chlas/air seithear airson agallamh còmhla ribhse an toiseach, gheibh a’ chlann eile cothrom an ath thuras: Cò do charaid? Càite an do thachair sibh air a chèile? Dè bhios sibh a’ dèanamh còmhla? Dè an rud as fheàrr leat mud charaid? Dè a tha a’ còrdadh rid charaid mud dheidhinnsa? Faodaidh inbhich cothrom a ghabhail cuideachd. Thoir cothrom dhan h-uile pàiste, ma tha iad ga iarraidh, tron t-seachdain. Dèan cinnteach nach bi neach sam bith air am fàgail a-mach.
<b>Ciamar a thogas tu dàimh/ a nì thu caraid?</b>	Faodaidh a’ chlann bruidhinn air a’ cheist – tha na leabhraichean san liosta a’ dèiligeadh ri feadhainn de na rudan a tha a’ dèanamh dhàimhean nas duilghe do chuid de chloinn.
<b>Reasabaidh dàimh</b>	Obraichidh a’ chlann nam paidhrichean gus reasabaidh a chruthachadh – dean cinnteach gu bheil fios aca dè th’ ann an reasabaidh – ’s dòcha gun do rinn iad brot no cèic roimhe? Dh’fhaodadh bobhla, spàin agus ad còcaire a bhith aca agus cairt air an dèan iad sgrìobhadh agus dealbh le taic no dhà: rud beag..., tòrr ..., spàin de .... Dh’fhaodar na reasabaidhean a thaisbeanadh tron t-seachdain.
<b>Nuair a tha caraidean a’ dol a-mach air a chèile</b>	Faodaidh an còmhradh seo tachairt uair sam bith, an taobh a-muigh do dh’amannan doirbh ann an dàimhean cho-aoisean, ach cuideachd nuair a tha clann air a dhol a-mach air a chèile. Bu chòir coimhead ri faireachdainnean seach ‘Dè thachair’. Faodaidh clann eile bruidhinn

---

mu na faireachdainnean a tha iad a' faicinn. Leig fhaicinn dhaibh gum bi daoine tro chèile nuair a thèid caraidean a-mach air a chèile. Bruidhinn air mar a leighiseas caraidean an dàimh às deidh buaireadh – a# toirt maitheanas dha chèile, ag ràdh gu bheil iad duilich (ma tha iad da-rìreabh, chan ann a-mhàin air sàilleabh gu bheil a toirt orra!), ag aontachadh gu bheil na beachdan aca gu bhith eadar-dhealaichte, cuimhneachadh cho math 's a bha iad a' faighinn air adhart. Faighnichich do chlan nach eil an sàs iad fhèin dè as urrainn dhàibhsan a dhèanamh gus daoine a chuideachadh ann a bhith rèidh agus faighinn seachad air buaireadh. Ann a bhith ag aithneach gum faod buaireadh clann fhàgail troimhe-chèile dean cinnteach gu bheil cuideigin aca ris am bruidhinn iad ma tha iad troimhe-chèile (bhiodh cur nan cuimhne gu bheil thu fhèin no inbhich eile san sgoil/ionad ann dhaibh).

---

<b>Budaidhean</b>	Faodaidh clann cnuasachd a dhèanamh air co tha gan cuideachadh gus a bhith rèidh agus air dè tha na chuideachadh nuair nach eil iad rèidh. Faodaidh budaidhean clann eile a chuideachadh agus sùil a chumail a-mach airson clann aig nach eil caraidean a chluicheas còmhla riutha. Faodaidh an ròl seo a chur gu dol le clann nas sine san sgoil.
-------------------	--

---

<b>caraid bho òige pàrant/neach-cùraim</b>	Iarr air a' chloinn fios fhaighinn air na caraidean a bh' aig am pàrantan/luchd-cùraim nuair a bha iad nam pàiste. Dè an t-ainm a bh'orra agus dè bhiodh iad a' dèanamh comhla. Cuir litir dhaichaigh còmhla ris a' chloinn mar chuimhneachan.
--	--

---

<b>Òrain</b>	Nuar a bhios sibh a' cleacadh stuth bho làraich-lìn mar YouTube dean cinnteach gu bheil sanas-reic sam bith seachad mus cur thu mu choinneamh sgoilearan e. Gheibhear Count on Me: Bruno Mars – air-loidhne còmhla ris na faclan Friends Song/The Singing Walrus <a href="https://youtu.be/bVCKj0T9-gc">https://youtu.be/bVCKj0T9-gc</a> What Makes a Good Friend <a href="https://youtu.be/OV6fPw-MRFo">https://youtu.be/OV6fPw-MRFo</a> Will You be a Friend of Mine (tha beagan dannsa agus leumadaich na lùib) <a href="https://youtu.be/ttYQTqgwteI">https://youtu.be/ttYQTqgwteI</a>
--------------	--

## LEABHRAICHEAN A LEUGHAS SIBH CÒMHLA NO A GHEIBH SIBH AIR IASAD

### *Thoiribh sùil air an liosta slàn a gheibhear aig Tràth-ìre*

Bheir na leabhraichean seo cothroman còmhraidh dhuibh air na cuspairean ris a bheil a dèiligeadh, gabhadh iad cleacadh còmhla ri class no buidheann, a' leughadh do dhithis no barrachd chloinne gus taic a chur ri prìomh phuingeon ionnsachaidh. Dh'fhaodar pàrantan agus luchd-cùraim a bhrosnachadh gus an leughadh san dachaigh cuideachd.

### Friends

Eric Carle (ISBN 0399172068)

Uair a bha siud bha dithis charaidean ann a bhiodh an còmhnaidh còmhla... Ach aon latha, bha am balach na aonar. Bha a charaid air falbh. Gun dragh dh'fhalbh e air cuairt ... mus d' fhuair e air ais gu charaid ghràdhach.

### **Do you want to be my friend?**

Eric Carle (ISBN 014050284X)

“A bheil thu ag iarraidh a bhith nad charaid dhomh?”, tha luch a’ cur ceist air each, air peucag agus feadhainn eile san sgeulachd chlasaigeach seo. ’S ann nuair a thachras e air luch eile a bheibh e freagairt dheimhinnte “*tha!*”

### **The boy who built a wall around himself**

Ali Redford (ISBN 1849056838)

Thog balach balla mu thimcheall fhèin gus e fhèin a chumail sàbhailte. Air a chùlaibh bha e a’ faireachdainn làidir agus air a dhòn. An uair sin thàinig Cuideigin Còir an rathad. Sgrìobhte do chlann eadar aoisean 4 agus 9, tha an leabhar-deilbh ciùin seo a’ cleachdadh meatafor shìmplidh airson a shealltainn mar a bhios clann a chaidh tro shuidheachadh doirbh no draghail ballachan-dìon eadr iad fhèin agus daoine eile. Cuidichidh e clann gus meòrachadh air na faireachdainnean aca agus brosnachidh e conaltradh.